

Dùn Èideann
nan Gàidheal

Gaelic in
Edinburgh



Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Eachdraidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann	2
Ainmean Gàidhlig ann an Dùn Èideann	4
Buidhnean Gàidhlig ann an Dùn Èideann	6

Contents

Introduction	1
History of Gaelic in Edinburgh	2
Gaelic place names in Edinburgh	4
Gaelic groups in Edinburgh	6





*Uaigh Dhonnchaidh Bhàin ann an Cladh nam Manach Liath.
Duncan Ban MacIntyre's grave in Greyfriars Kirkyard.*

*'S e baile mòr Dhùn Èideann
A b' èibhinn leam bhith ann,
Àite fialaidh farsaing,
A bha tlachdmhor anns gach ball*

Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir
(1724 – 1812)

Tha Dùn Èideann ainmeil mar bhaile àlainn làn chultair. Am measg a' bheartais seo, tha e doirbh aig amannan tachartasan agus seirbheisean Gàidhlig a lorg. Tha a' bhileag seo ag amas air am fiosrachadh seo a chur ann an aon àite. Tha sinn an dòchas gun cleachd luchd na Gàidhlig, luchd-ionnsachaidh, agus luchd-turais a' bhileag seo airson eòlas nas fheàrr a chur air Dùn Èideann nan Gàidheal agus air àite na Gàidhlig sa bhaile againn.

Tha a' bhileag ùraichte seo air a chur air dòigh le Oilthigh Dhùn Èideann, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, mar phàirt de Phlana Gàidhlig an Oilthigh 2019-2024. Tha na buidhnean sa bhileig air fiosrachadh a chur thugainn mu na gnìomhan aca fhèin. Tha sinn a' toirt taing dhan a h-uile duine a chuir taic thugainn airson a' bhileag seo a chur air dòigh. Cha robh e air a bhith comasach a dhèanamh às aonais mòran charaidean.

*Airson barrachd lethbhreacan den bhileig fhaighinn
no ma tha ceist sam bith agad, cuir fios gu
Oifigear Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann aig
bria.mason@ed.ac.uk*

*It's in the city of Edinburgh
That I would like to be
A generous, spacious place
Pleasing in every respect*

Duncan Ban MacIntyre
(1724 – 1812)

Edinburgh is a famously beautiful and culturally rich city. Amongst all this cultural wealth, Gaelic activities and services can sometimes be difficult to find. This leaflet endeavours to bring these together in one place. We hope that this leaflet will be used by Gaelic speakers, Gaelic learners, and visitors as a way to explore Gaelic Edinburgh and to learn more about Gaelic's place in our city.

This updated leaflet has been produced by the University of Edinburgh, with support from Bòrd na Gàidhlig, as part of the University's Gaelic Language Plan 2019-2024. Information about individual groups was contributed by the groups themselves. Our sincere thanks to all who have contributed, without whom this production would not be possible.

*To obtain further copies of this leaflet or if
you have any enquiries, please contact the
University of Edinburgh's Gaelic Officer at
bria.mason@ed.ac.uk*

Eachdraidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann

Tha a' Ghàidhlig air a bhith ann an Dùn Èideann fad còrr is mìle bliadhna, bho chaidh am baile a dhèanamh na phàirt de rìoghachd Ghàidhlig na h-Alba. B' e a' Ghàidhlig an cànan a bu chumhachdaich a thaobh poileataics, eaconamais agus cultair ann an Dùn Èideann fad co-dhiù dà linn mus do thòisich i air crìonadh san dàrna linn dheug.

Ann an linn-tean nas fhaisge oirnn fhèin, thàinig àireamh nach bu bheag de Ghàidheil don chathair-bhaile bhon Ghàidhealtachd agus stèidhich iad coimhearsnachd Ghàidhlig a tha air a bhith ann bhon uair sin. Bha luchd na Gàidhlig am measg nan clasaichean sòisealta uile ann an Dùn Èideann san ochdamh linn deug. Bha Gàidhlig aig tòrr de na daoine a bhiodh a' togail chathraichean-iomchair, aig buill de Gheàrd a' Bhaile agus aig searbhantan. Bha i cuideachd aig proifeiseantaich. Bhiodh tòrr de na h-uaislean aig an robh Gàidhlig a' fuireach ann an Dùn Èideann airson pàirt den bhliadhna. Chaidh a' chiad chaibeal Ghàidhlig a stèidheachadh san t-Seann Bhaile ann an 1769, agus tha seirbheisean Ghàidhlig fhathast a' dol air adhart san latha an-diugh ann an Eaglais nam Manach Liath. Bha taic dhan Ghàidhlig agus a litreachas am measg nan amasan tùsail aig Comann Gàidhealach agus Àiteachais Rìoghail na h-Alba, a chaidh a stèidheachadh ann an Dùn Èideann ann an 1784.


Tha Dùn Èideann cuideachd air a bhith na àite fìor chudromach ann an gnòthaichean cultarach, sgoileireil is cruthachail na Gàidhlig. Chaidh a' chiad leabhar Ghàidhlig fhoillseachadh an seo ann an 1567 agus a' chiad chruinneachadh de bhàrdachd Ghàidhlig ann an 1751. Stèidhich Oilthigh Dhùn Èideann a' chiad Chathair Ceiltis ann an Alba ann an 1882. Tha am baile air a bhith na dhachaigh do iomadh prìomh sgrìobhadair is sgoilear Ghàidhlig thar nam bliadhnaichean, a' gabhail a-steach am bàrd Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir (1724-1812), neach-cruinneachaidh beul-aithris Alasdair MacGilleMhìcheil (1832-1912), agus am bàrd Somhairle MacGill-Eain (1911-96). Tha cuid de phrìomh bhàird is luchd-sgrìobhaidh nobhailean san latha an-diugh air a bhith stèidhichte ann an Dùn Èideann.

History of Gaelic in Edinburgh

Gaelic has been present in Edinburgh for more than a thousand years, when the settlement was incorporated into the Gaelic-speaking Kingdom of Alba. Gaelic was the language of political, economic and cultural power in Edinburgh for two centuries or more before beginning a decline in the twelfth century.

In more recent times, Gaelic speakers from the Highlands began to settle in the city in significant numbers, establishing a Gaelic community that has continued to develop ever since. Gaelic speakers were represented in all social classes in eighteenth century Edinburgh. Many sedan chair carriers, City Guard members, and domestic servants as well as members of the professions were Gaelic speakers. Many of the Gaelic-speaking gentry lived in Edinburgh for part of the year. The first Gaelic chapel was established in the Old Town in 1769, and regular Gaelic services continue to be offered, now at Greyfriars Kirk. The Royal Highland and Agricultural Society of Scotland, which originated in Edinburgh in 1784, had the support of Gaelic culture and literature among its original remits.

Edinburgh has also made a major contribution as an intellectual and cultural centre for Gaelic in Scotland. The first Gaelic book was published here in 1567 and the first collection of poetry in 1751. The University of Edinburgh established the first Chair of Celtic in Scotland in 1882. The city has been home to many leading Gaelic writers and scholars through the centuries, including poet Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir (Duncan Ban MacIntyre) (1724-1812), folklorist Alasdair MacGilleMhìcheil (Alexander Carmichael) (1832-1912), and poet Somhairle MacGill-Eain (Sorley MacLean) (1911-96). Many of the major poets and novelists writing in Gaelic today have been based in Edinburgh.



As uaisle: Buill de Gheàrd Bhaile Dhùn Èideann an latha an-diugh. Gu h-àrd: Uinneag dhathte ann an Taigh-òsta Deacon Brodie's. Clì: Iain Dubh, Geàrd Bhaile Dhùn Èideann, aig an robh Gàidhlig. Portraid le Iain Kay (©Gailearaidh Phortraid Nàiseanta).

Top: Members of the City Guard historical re-enactment society. Above: Stained glass window in Deacon Brodie's Tavern. Left: Portrait of John Dow, a Gaelic-speaking City Guard, by John Kay (©National Portrait Gallery).

A rèir cunntas-sluaigh 2011, bha 5,935 daoine ann an Dùn Èideann aig an robh sgilean Gàidhlig, no mu 1.29 sa cheud de shluagh a' bhaile. Ged a tha an ceudad beag, tha e cudromach gu bheil mu 6.82 sa cheud de luchd-labhairt Ghàidhlig na h-Alba a' fuireach ann an Dùn Èideann. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a thoirt seachad ann an Dùn Èideann aig ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile.

According to the 2011 census, there were 5,935 people in Edinburgh who had some skills in Gaelic, some 1.29 per cent of the city's population. While this proportion is small, it is significant that approximately 6.82 per cent of Scotland's Gaelic population lives in Edinburgh. Gaelic Medium Education is provided in Edinburgh at pre-school, primary and secondary levels.

Ainmean Gàidhlig ann an Dùn Èideann

Ged a tha cuid a' cumail a-mach nach robh Gàidhlig riamh ga bruidhinn ann an Dùn Èideann, tha fianais bho ainmean-àite a' sealltainn gu bheil ainmean-àite a thàinig às a' Ghàidhlig air feadh Dhùn Èideann agus cuideachd deas agus ear air a' bhaile. Mar eisimpleir:

Salisbury Crags

Ann an 1128, chaidh iomradh a thoirt air na Salisbury Crags ann an cùmhnant mar Craginmarf agus is cinnteach gun tàinig seo às a' Ghàidhlig Creag nam Marbh.

Drumsheugh

Chaidh seo a chlàradh ann an 1507 mar Drumselch, bho Dhruim Seileach.

Balerno

Chaidh Balerno a chlàradh ann an 1283 mar Balernauch, agus tha e coltach gun tàinig seo às a' Ghàidhlig Am Baile Àirneach, a tha a' ciallachadh sloe tree farm.

Craigentinny

Tha e coltach gu bheil seo a' tighinn à Creag an t-Sionnaich.

Craigmillar

Chaidh seo a chlàradh mar Cragmilor ann an 1124. Tha e coltach gur ann à Creag Maol Àirde a thàinig seo. An-diugh, gu tric, 's e Creag a' Mhuilleir a chanas daoine ris sa Ghàidhlig.

Inverleith

Tha seo a' tighinn à Inbhir Lìte.

Torduff agus Torphin Hill

Tha ainmean nan tòrran seo, a tha faisg air Curraich (Currie) a' tighinn bhon Ghàidhlig An Tòrr Dubh agus An Tòrr Fionn.

Gaelic place names in Edinburgh

Although some say Gaelic was never spoken in Edinburgh, place name evidence shows there are names of Gaelic origin throughout Edinburgh and to the south and east of the city. For example:

Salisbury Crags

In 1128, Salisbury Crags were mentioned in a charter as Craginmarf, which is surely derived from the Gaelic Creag nam Marbh meaning crag of the dead.

Drumsheugh

This is on record in 1507 as Drumselch, derived from Druim Seileach, meaning willow ridge.

Balerno

In 1283, Balerno was recorded as Balernauch, which is most likely derived from Am Baile Airneach, meaning the sloe tree farm.

Craigentinny

This is most likely derived from Creag an t-Sionnaich, meaning crag of the fox.

Craigmillar


Recorded as Cragmilor in 1124, Craigmillar is most likely derived from Creag Maol Àirde meaning bare height crag. Today, it is often referred to as Creag a' Mhuilleir meaning crag of the miller.

Inverleith

This is derived from Inbhir Lìte, meaning the confluence of the river Leith.

Torduff and Torphin Hill

The names of these hills near Currie are derived from the Gaelic An Tòrr Dubh and An Tòrr Fionn, meaning the black and white hill, respectively.



Creag nam Marbh
Salisbury Crags

Buidhnean Gàidhlig ann an Dùn Èideann

An Comunn Gàidhealach – Meur Dhùn Èideann

- 'S e tachartas cultarail Gàidhlig càirdeil is cridheil a th' ann am **Mòd Ionadail Dhùn Èideann** a thèid a chumail sa Chèitean gach bliadhna. Ged is e tachartas co-fharpaiseach a th' anns a' Mhòd, 's e a bhith a' gabhail pàirt agus spòrs a bhith aig daoine na rudan as cudromaiche. Le lomall a' Mhòd, bidh cothrom ann blasad de rudan cultarail tarraingeach neo-fharpaiseach fheuchainn!
- Tha **Lòn Gàidhlig Dhùn Èideann** air tilleadh. Bidh neach-labhairt againn airson bruidhinn ruinn sa Ghàidhlig air cuspair anns am bi ùidh aig an luchd-frithealaidh. Cuirear fàilte air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gus buannachd fhaighinn bho chothroman cànan.

www.edinburghlocalmod.com; localmodedinburgh@gmail.com; [f](https://www.facebook.com/EdinburghMod) EdinburghMod

Bilingualism Matters

Tha Bilingualism Matters na ionad rannsachaidh is fiosrachaidh, stèidhichte ann an Oilthigh Dhùn Èideann, a bhios a' sgrùdadh dà-chànanas agus ionnsachadh cànan agus a' sgaoileadh nan toraidhean rannsachaidh aige gus an urrainn do dhaoine co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh stèidhichte air fianais shaidheansail. Tha Bilingual Matters a' creidsinn gum faod barrachd air aon chànan, agus na buannachdan a thig an lùib sin, a bhith aig a h-uile duine, agus bidh iad ag obair an dà chuid le coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba agus le mion-chànanan eile san Roinn Eòrpa. Lean air na meadhanan sòisealta agus air an làraich-lìn iad airson goireasan, rannsachadh agus fios mu thachartasan.

www.bilingualism-matters.org; bilingualism-matters@ed.ac.uk; [f](https://www.facebook.com/bilingmatters) bilingmatters; [t](https://www.twitter.com/bilingmatters) bilingmatters; [i](https://www.instagram.com/bilingmatters) bilingmatters

Gaelic groups in Edinburgh

An Comunn Gàidhealach – Edinburgh Branch


- The **Edinburgh Local Mòd** (held in May each year) is a warm, family-friendly cultural event for all ages. Although the Mòd is primarily a competitive opportunity, taking part and having fun are considered the most important aspects. The Fringe offers fun activities without the element of competition and can be enjoyed by all!
- The **Edinburgh Gaelic Lunches** have returned. A speaker is invited to give an address, in Gaelic, on a topic of interest. Learners of Gaelic are welcome to attend and will benefit from a relaxed and immersive atmosphere.

Bilingualism Matters

Bilingualism Matters is a research and information centre based at the University of Edinburgh that studies bilingualism and language learning and communicates its findings to enable people to make informed decisions based on scientific evidence. Bilingualism Matters believes everyone can enjoy the benefits of speaking more than one language and works with both Gaelic-speaking communities in Scotland and with other minority languages in Europe. Follow them on social media and on their website for resources, research and events news.



Bothan Dhùn Èideann



Bothan Dhùn Èideann

'S e cèilidh mhòr luchd na Gàidhlig ann an Dùn Èideann a th' anns a' Bhothan: àite far an tig luchd na Gàidhlig còmhla airson feasgar làn craic, ealain Ghàidhlig agus caraidean. Bidh Bothan a' coinneachadh turas gach mìos, mar as trice air a' chiad Dihaoine den mhìos. Tha Bothan air a ruith le comataidh shaor-thoileach. Bidh a' chomataidh a' coinneachadh gu cunbhalach airson prògram a chur air dòigh, agus tha iad an còmhnaidh a' cur fàilte air daoine ùra a tha airson an cuid a chur ri gnòthaichean.

bothanduneideann@googlemail.com; [f](https://www.facebook.com/BothanDE) BothanDE; [t](https://www.twitter.com/BothanDE) BothanDE; [i](https://www.instagram.com/bothan_de) bothan_de

Bun-sgoil Taobh na Pàirce

Tha fàilte bhlàth a' feitheamh oirbh uile ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce, bun-sgoil Ghàidhlig Dhùn Èideann. 'S e lèirsinn na sgoile cothroman ionnsachaidh aig an ìre as àirde a libhrigidh dha na pàistean aca, tro mheadhan na Gàidhlig.

Le faisg air 500 sgoilear, bho sgoil-àraich gu C7, is mu 50 luchd-obrach, tha ar sgoil na dachaigh do aon de na coimhearsnachdan Gàidhlig as motha sa bhaile.

'S e tlachd a bhios ann dhan luchd-obrach taic a thoirt dhuibh ann an dòigh sam bith is urrainn dhaibh, is tha iad a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ri bh.

www.taobhnairce.edin.sch.uk; admin@taobhnairce.edin.sch.uk; 0131 553 5856
139 Rathad Bonnington, Dùn Èideann EH6 5NQ; [t](https://youtu.be/71b2Ki8MAqC) <https://youtu.be/71b2Ki8MAqC>

Bothan Dhùn Èideann

Am Bothan is a large gathering of Gaelic speakers in Edinburgh: a place where Gaelic speakers come together for an evening full of craic, Gaelic arts and friends. Am Bothan meets monthly, usually on the first Friday of the month. Am Bothan is run by a volunteer committee which meets regularly to plan the programme and always welcomes new people who want to get involved.

Bun-sgoil Taobh na Pàirce

A warm welcome awaits you at Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Edinburgh's Gaelic primary school. The school's vision is to deliver to pupils learning opportunities of the highest quality, through the medium of Gaelic.

With almost 500 pupils, from nursery to P7, and around 50 staff members, the school is home to one of the largest Gaelic communities in the city.

It will be a pleasure for the staff to help in any way they can, and they look forward to working with you.

Camanachd Dhùn Èideann

'S e comann-iomain òigridh a th' ann an Camanachd Dhùn Èideann, co-cheangailte ri buidheann-riaghlaidh an spòrs, Comann na Camanachd. Bheir an club seachad trèanadh leis fhèin, agus còmhla ri sgoiltean ann an Dùn Èideann a tha a' tabhann iomain anns a' churraicealaim PE. Tha iomain na spòrs fisigeach, fallainn, beòthail, luath a tha freumhaichte sa choimhearsnachd Ghàidhlig agus bidh an club a' cur fàilte air duine sam bith a tha ag iarraidh tighinn ann gus an spòrs as fheàrr an Alba a chluich!

<http://shinty.com/camanachd-dhun-eideann>; camanachd@duneideann.net; [f](https://www.facebook.com/edinburghshinty) [edinburghshinty](https://www.facebook.com/edinburghshinty)

Cearcall Còmhraidh Dhùn Èideann

'S e buidheann chàirdeil, shocair a th' anns a' Cearcall Còmhraidh far an cuirear fàilte air luchd-labhairt na Gàidhlig aig gach ìre bho luchd-tòiseachaidh gu fileantaich. Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh gach feasgar Dimàirt ach a-mhàin aig àm na Nollaige agus na Bhliadhna Ùire. Cha ruig thu a leas àite a ghleidheadh – dìreach thig ann.

www.cearcall.net; cearcall.net@gmail.com; [f](https://www.facebook.com/cearcallcomhraidh) [cearcallcomhraidh](https://www.facebook.com/cearcallcomhraidh)

Còisir Dhùn Èideann

'S e leabhar gearr-chunntasan bhon luchar 1907 a' chiad rud sgrìobhte a th' ann mun chòisir. 'S e an t-amas a bh' aig a' chòisir riamh a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig tro cheòl còisireil – agus chan ann a-mhàin tro cho-fharpaisean a' Mhòid Nàiseanta. Bidh a' chòisir cuideachd a' cur bhùith-tean-obrach air dòigh airson seinn aon-fhuaimneach, a' gabhail ri cuiridhean airson seinn gu poblach, agus bho chionn ghoirid tha iad air seinn aig bogaidhean leabhair agus tachartasan carthannais, agus bidh tìde daonna ann airson tachartasan sòisealta do na buill cuideachd.

www.edinburghgaelicchoir.co.uk; Coisir-DhunEideann@hotmail.co.uk; [f](https://www.facebook.com/CoisirDhunEideann) [CoisirDhunEideann](https://www.facebook.com/CoisirDhunEideann); [t](https://twitter.com/EdinGaelicChoir) [EdinGaelicChoir](https://twitter.com/EdinGaelicChoir)

Camanachd Dhùn Èideann

Camanachd Dhùn Èideann is a constituted youth shinty club affiliated with the shinty governing body, the Camanachd Association. The club provides training in its own right and in conjunction with those Edinburgh schools offering shinty within the PE curriculum. Shinty is a physical, fast, fun and health-building sport, rooted in the Gaelic community, and the club invites anyone interested to go along and try Scotland's top sport!



Camanachd Dhùn Èideann



Còisir Dhùn Èideann

Cearcall Còmhraidh Dhùn Èideann

Cearcall Còmhraidh is a friendly, relaxed group where Gaelic speakers of all levels from beginner to fluent are welcome. The group meets every Tuesday evening, except at Christmas and Hogmanay, and the meetings are open invitation. There is no need to reserve a place – just go along.



Còisir Ghàidhlig Lodainn

Còisir Ghàidhlig Lodainn

Tha a' chòisir a' toirt seachad cothrom airson a bhith ag ionnsachadh agus a' taisbeanadh cultar agus dualchas ciùil na Gàidhlig le bhith a' seinn agus a' taisbeanadh ceòl còisireil na Gàidhlig. Tha diofar ìrean de Ghàidhlig aig buill na còisir bho luchd-tòiseachaidh gu daoine aig a bheil i bhon ghluin, agus bidh a' chòisir a' cuideachadh gach ball gus an cànan ionnsachadh agus gus an tuigse aca air a' chànan a thoirt air adhart.

Mar as trice, thèid a' chòisir dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bharrachd air a bhith a' gabhail pàirt ann am Mòdan Ionadail nas lugha agus ann an cuirmean eile ann an Dùn Èideann agus nas fhaide air falbh.

Bidh a' chòisir a' coinneachadh a h-uile seachdain gus a dhol thairis air na h-òrain aca agus tha fàilte daonna air buill ùra – cuir brath thugainn airson barrachd fiosrachaidh.

www.lothiangaelicchoir.org.uk; lothiangaelicchoir@hotmail.co.uk; [f](https://www.facebook.com/lothian.gaelicchoir) [lothian.gaelicchoir](https://www.facebook.com/lothian.gaelicchoir)

Lothian Gaelic Choir

The choir provides an opportunity for the study and exposition of the Gaelic language, culture and music tradition through the practice and performance of Gaelic choral music. The choir's members have a range of Gaelic knowledge from beginner to native speaker, and the choir helps all members learn and improve their understanding of the language.

Each year the choir usually enters the Royal National Mòd as well as taking part in smaller local Mòds and other performances in Edinburgh and further afield.

The choir holds weekly rehearsals and new members are always welcome – please get in touch for more information.

Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh

Bidh Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh a' toirt seachad:

- Cùrsaichean Gàidhlig air-loidhne an-asgaidh do luchd-tòiseachaidh agus luchd-ionnsachaidh eadar-mheadhanach iomadh uair tron bhliadhna acadaimigich.
- Cùrsa làn-thìde (aon bhliadhna) – Inntrigeadh do dh'Fhoghlam Àrd-ìre (SWAP): Ceiltis
- Pròiseact Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnaichean – ag amas air daoine aig a bheil Gàidhlig mar-thà, ge b' e a bheil iad nan luchd-ionnsachaidh no fileanta.

www.newbattleabbeycollege.ac.uk; office@newbattleabbeycollege.ac.uk; 0131 663 1921

[f](#) newbattleabbey; [t](#) newbattletweets

Comhairle Baile Dhùn Èideann

Tha dleastanas reachdail air Comhairle Baile Dhùn Èideann plana Gàidhlig fhoillseachadh gach còig bliadhna. Tha am plana 2018 gu 2022 a' togail air soirbheachas a' chiad phlana, a thug gu buil: meudachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, bun-sgoil FMG ùr, agus dàimh nas fheàrr le coimhearsnachdan Gàidhlig. Tha cur an dreuchd Oifigear Corporra Leasachadh na Gàidhlig air cuideachadh gus aire a thogail, pàirteachas a bhrosnachadh, agus com-pàirteachasan a thogail. Tha a' Chomhairle ag amas air ceanglaichean a neartachadh ris a' choimhearsnachd Gàidhlig, àrainneachd chàirdeil a chruthachadh airson na Gàidhlig agus a cultair, faicsinneachd na Gàidhlig a leudachadh, agus co-obrachadh a leasachadh ri com-pàirtichean agus luchd-ùidh.

ann.paterson@edinburgh.gov.uk

Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh



Newbattle Abbey College

Newbattle Abbey College provides:

- Free online Gaelic courses for beginner and intermediate learners at various times throughout the college year.
- Full-time course (one year) – Access to Higher Education (SWAP): Celtic Studies
- Early Years Practitioners Gaelic Language Project – aimed at people who already have Gaelic language, whether they are learners or fluent speakers.

The City of Edinburgh Council

The City of Edinburgh Council has a statutory duty to produce a Gaelic language plan every five years. The 2018 to 2022 plan builds on the success of the first plan which saw: the expansion of Gaelic Medium Education, a new GME primary school, and improved relations with Gaelic communities. The appointment of a Corporate Gaelic Development Officer has helped to raise awareness, encourage participation, and build partnerships. The Council aims to strengthen links with the Gaelic community, create a positive environment for Gaelic language and culture, improve the visibility of Gaelic, and develop joint working with partners and stakeholders.



Comann Earra-Ghàidheal Dhùn Èideann

Tha EAA fosgailte do dhaoine à Earra-Ghàidheal agus do dhuine sam bith eile aig a bheil ùidh ann an rud sam bi co-cheangailte ris an sgìre san àm a dh'fhalbh no sa latha an-diugh.

Bidh cèilidhean beòthail le ceòl is òrain Ghàidhlig is Beurla Ghallda air an cumail gach mìos eadar an Giblean agus an t-Sultain. Gheibhear fiosrachadh bho Radio nan Gàidheal, na meadhanan ionadail agus *Tìm an Òbain*.

Faigh tlachd à ceòl is òrain bho mhuinntir an àite, sean is òg: seinn aon-neach, buidhnean agus còisirean. Mar as trice bidh còmhlan a' ciallachadh dannsa no dhà. Tha fàilte air daoine san èisteachd òran a ghabhail, an dà chuid muinntir an àite agus luchd-turais a tha cho pailt aig na cèilidhean. A rèir coltais, seo as motha a chòrdas ri cuid aca air na làithean saora aca air fad!

tam.burke@mypostoffice.co.uk; 07984 943 192

Comann nam Pàrant (Dùn Èideann & Lodainn)

'S e Comann nam Pàrant a' bhuidheann riochdachaidh airson pàrantan is luchd-cùraim aig clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Dùn Èideann aig a h-uile ìre. Tha i na buidheann shaor-thoileach stèidhichte a tha air a ruith le comataidh shaor-thoileach de phàrantan. Bidh a' bhuidheann a' cumail choinneamhan fosgailte gu cunbhalach airson pàrantan far am bithear a' bruidhinn air cuspairean co-cheangailte ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ri brosnachadh is leasachadh na Gàidhlig. Faodaidh sibh fo-sgrìobhadh a dhèanamh airson cuairt-litrichean air an làraich-lìn.

cnpduneideannblog.wordpress.com

Edinburgh Argyll Association

EAA is open to those either from Argyll or people interested in any aspect of Argyll past and present.

Lively ceilidhs of Gaelic and Scots music and song are held monthly April to September. Details from Radio nan Gàidheal, local press and *Oban Times*.

Enjoy performances by amazing local youngsters to the young at heart: soloists, ensembles and choirs. A band usually means a dance or two. Performers from the audience are always welcome, whether local or from the many tourists. It seems their attendance is a highlight of their holiday!

Comann nam Pàrant (Dùn Èideann & Lodainn)

Comann nam Pàrant is the representative organisation for parents and carers of children at all stages of Gaelic Medium Education in Edinburgh. It is a constituted voluntary organisation run by a volunteer committee of parents. The organisation holds regular open meetings for parents where issues relating to Gaelic Medium Education and to the promotion and development of Gaelic are discussed. You can sign up for newsletters on the website.

Comunn na Clàrsaich

Tha Comunn na Clàrsaich air a bhith a' brosnachadh cluich na clàrsaich, an t-inneal ciùil as sine ann an Alba, bho 1931. Co-cheangailte ris a' Mhòd bho chaidh a stèidheachadh, tha eachdraidh fhada aig a' Chomunn ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig, a ceòl, agus a cultar: gach cuid tron lionra de 13 meòir aige agus tron phrìomh thachartas bliadhna aige, Fèis Clàrsaich Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann. Tha ballrachd fosgailte do na h-uile, agus 'e meur Dhùn Èideann aon de na meòir as trainge, a' cur choinneamhan cunbhalach agus tachartasan sònraichte air dòigh.

<https://www.clarsachsociety.co.uk>; <https://www.harpfestival.co.uk>; office@clarsachsociety.co.uk; 0131 554 0212; [f](#) TheClarsachSociety; [f](#) clarsachedinburgh; [f](#) EdinburghInternationalHarpFestival

Comunn Tìr nam Beann Dùn Èideann

Chaidh Comann Tìr nam Beann Dùn Èideann a stèidheachadh ann an 1920 leis an amas a bhith a' brosnachadh, ag ath-bheòthachadh agus a' glèidheadh na Gàidhlig agus cleachdaidhean Gàidhealach, a' gabhail a-staigh sgilean, obair ciùird agus cur-seachadan Gàidhealach bhon àm a dh'fhalbh a tha a' crìonadh. Thèid cèilidhean traidiseanta a chumail air a' chiad Disathairne den mhìos (eadar an Dàmhair agus an Giblean ach a-mhàin san Fhaoilleach). Tha seo a' gabhail a-steach prògram farsaing de sheinneadairean Gàidhlig is Beurla Ghallda agus de luchd-ciùil, agus bithear a' brosnachadh cluicheadairean òga gu bhith a' leantainn an dualchais Ghàidhealaich. Faic na meadhanan ionadail agus Radio nan Gàidheal airson barrachd fiosrachaidh.

tam.burke@mypostoffice.co.uk; 07984 943 192; [f](#) tirnambeann

Eaglais nam Manach Liath

Thèid seirbheis Ghàidhlig a chumail ann an Eaglais nam Manach Liath gach Latha na Sàbaid aig 12.30f. Tha an Eaglais na pàirt de dh'Eaglais na h-Alba, ach thathar a' cur fàilte air daoine à traidisean sam bith.

<https://greyfriarskirk.com>; gaelic@greyfriarskirk.com; [f](#) EaglaisML; [t](#) EaglaisML; 0131 225 1900 (Please note that this is the number for the Kirk office and the administrator is not a Gaelic speaker.)

The Clarsach Society

Since 1931, The Clarsach Society has been promoting and encouraging the playing of the clarsach, Scotland's oldest instrument. Associated with the Mòd since its inception, The Society has a long history of promoting Gaelic music, language and culture: both through its network of 13 branches and its annual showcase event, the Edinburgh International Harp Festival. Membership is open to all, and the Edinburgh Branch is one of the busiest branches, organising regular meetings and special events.

Comunn Tìr nam Beann Dùn Èideann


Founded in 1920, Comunn Tìr nam Beann Dùn Èideann's objective is to promote, revive and preserve Gaelic language and traditions, including bygone Highland skills, crafts and pastimes that are in decline. A traditional ceilidh is held on the first Saturday of the month (October to April, excluding January). This features a varied programme of Gaelic and Scots singers and musicians and aims to encourage young artists to continue the Highland traditions. Check local press and Radio nan Gàidheal for details.

Greyfriars Kirk


Gaelic services are held in the Greyfriars Kirk each Sunday at 12.30pm. The Kirk is a Church of Scotland congregation, but people from all traditions are welcome.



Comunn na Clàrsaich



Eaglais Shaor, Chaluim Chille



Eaglais nam Manach Liath



Eaglais Shaor Chaluim Chille

Bidh Eaglais Chaluim Chille a' cumail seirbheis Ghàidhlig gach mìos eadar an t-Sultain agus an t-Ògmhios ann an talla na h-eaglaise san Lawnmarket. Bidh seirbheisean a' tòiseachadh aig 3f le ti is cofaidh rim faighinn às dèidh làimh. Bidh Eaglais Chaluim Chille a' cumail liosta sgaoilidh puist-d do dhaoine a bhios a' tighinn do na seirbheisean agus is urrainn dhut fo-sgrìobhadh ma tha thu airson cluinntinn mu sheirbheisean a tha gu bhith ann.

Office@stcsfc.org

St Columba's Free Church

From September to June, St Columba's holds a monthly Gaelic service in the church hall in the Lawnmarket. Services commence at 3pm, with tea and coffee available afterwards. St Columba's maintains an email distribution list of service attenders which you can join if you are interested in keeping up to date with forthcoming services.

Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann (CnaG)

'S e prìomh amas na buidhne seo, a tha a' faighinn taic bho Chomunn na Gàidhlig, fàs a thoirt air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig agus cothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh. Bidh an t-Oifigear Òigridh is Coimhearsnachd a' brosnachadh cleachdadh a' chàinain tro phròiseactan agus tachartasan spòrsail.

www.cnag.org; mairibheag@cnag.org; [f comunnagaidhlig](https://www.facebook.com/comunnagaidhlig); [@comunnagaidhlig](https://www.instagram.com/comunnagaidhlig)

Leabharlann Bàrdachd na h-Alba

Tha iomadh leabhar anns a bheil obair le bàird Ghàidhlig an latha an-diugh agus an latha an-dè air sgeilpichean Leabharlann Bàrdachd na h-Alba a tha rim faighinn air iasad no ri an ceannach. Air làrach-lìn Leabharlann Bàrdachd na h-Alba, tha goireasan Gàidhlig, agallamhan podcast le bàird Ghàidhlig agus, gu dearbh, dàin a sgrìobh bàird Ghàidhlig. Chaidh Gàidhlig a chur air tòrr de na duilleagan air an làraich-lìn. Choimisean an SPL film Gàidhlig bho chionn ghoirid a tha ri fhaicinn air làrach-lìn an SPL a tha a' coimhead gu sònraichte air goireasan Gàidhlig an Leabharlainn. Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn air-loidhne.

www.scottishpoetrylibrary.org.uk; reception@spl.org.uk; 0131 557 2876;
[f scottishpoetrylibrary](https://www.facebook.com/scottishpoetrylibrary/); [by leaveswelive](https://twitter.com/byleaveswelive); [s plscotland](https://www.instagram.com/splscotland)



Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann (CnaG)

Supported by Comunn na Gàidhlig, this organisation aims to increase the number of Gaelic speakers and enhance your opportunities to use the language. The Youth and Community Officer promotes the use of the language through projects and exciting events.

Scottish Poetry Library

The Scottish Poetry Library has on its shelves to borrow and in stock in its shop to buy many books featuring work by Gaelic-language poets past and present. The website of the Scottish Poetry Library contains Gaelic resources, podcast interviews with Gaelic poets and, of course, poems written by Gaelic poets. Many pages on the website have been translated into Gaelic. The SPL recently commissioned a Gaelic-language film that can be watched on the SPL website that highlights the Library's Gaelic resources. Further information is available online.



Leabharlann na Colaiste Ùir



Leabharlann agus Cruinneachaidhean an Oilthigh, Oilthigh Dhùn Èideann

Tha cruinneachaidhean eadar-mheasgte air leth aig Oilthigh Dhùn Èideann de thasglannan agus leabhraichean Gàidhlig, bhon 16mh linn chun an latha an-diugh. Am measg nam prìomh nithean sa chruinneachadh, tha na mìltean de chlàraidhean claisneachd aig Tasglannan Sgoil Eòlais na h-Alba anns a bheil beul-aithris, òrain, sgeulachdan, bàrdachd, ainmean-àite, cànanachas agus barrachd, le taic bho leabharlann speisealta. Ann an cruinneachadh MhicIlleMhìcheil MhicBhatair, tha tasglannan beul-aithris, cràbhachd agus ainmean-àite, agus tha cruinneachadh an Ollaimh Dhòmhnail MacFhionghuin a' gabhail a-steach chànanan, litreachas, eachdraidh, agus àrsachd. Tha còrr air 400 leabhar clò-bhuailte sa Ghàidhlig bhon 18mh-20mh linn aig Leabharlann na Colaiste Ùir, nam measg Biobail, ùrnaighean, laoidhean, searmonan agus bàrdachd agus eachdraidh.

www.ed.ac.uk/information-services/library-museum-gallery/crc/research-resources/gaelic;
is-crc@ed.ac.uk; 0131 650 8379; [f crc.edinburgh](https://www.facebook.com/crc.edinburgh/); [CRC_EdUni](https://twitter.com/CRC_EdUni); [EU_SSSA](https://www.instagram.com/EU_SSSA)

Library and University Collections, The University of Edinburgh

The University of Edinburgh has outstanding and varied collections of Gaelic archives and books, ranging in date from the 16th century to the present day. Highlights include the thousands of audio recordings at the School of Scottish Studies Archives covering oral traditions, songs, stories, poems, folklore, place-names, linguistics and more, supported by a specialist library. The Carmichael Watson collection contains folklore, religious and place-name archives while the Professor Donald MacKinnon collection covers languages, literature, history, and antiquities. New College Library has over 400 printed volumes in Gaelic from 18th-20th centuries including Bibles, prayers, hymns, sermons and poetry and histories.


Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

Tha e na amas aig an Leabharlann Nàiseanta a bhith a' cruinneachadh agus a' cumail lethbhreac den a' h-uile rud a chaidh fhoillseachadh riamh anns a' Ghàidhlig no mu chultar na Gàidhlig, ann an clò no cruth didsiteach. Tha an cruinneachadh as motha san t-saoghal againn de làmh-sgrìobhainnean ann an Gàidhlig na h-Alba. Faodaidh daoine aig a bheil cairt-leughaidh iomchaidh nithean a leughadh ann an seòmair-leughaidh an Leabharlainn. Tha fiosrachadh mu chruinneachaidhean, seirbheisean agus taisbeanaidhean an Leabharlainn ri fhaighinn air-loidhne. Tha bileag fiosrachaidh ri fhaighinn sa Ghàidhlig cuideachd.

www.nls.uk; enquiries@nls.uk; 0131 623 3700 (main switchboard);
f NationalLibraryofScotland; natlibscot; natlibscot

National Library of Scotland

The National Library of Scotland aims to collect and keep a copy of everything that has ever been published in Gaelic or about Gaelic culture, whether in print or in digital format. It also holds the world's largest collection of Scottish Gaelic manuscripts. Items can be consulted in the Library's George IV Bridge reading rooms with a Library card. Information about the Library collections, services, exhibitions and events is available online. A Gaelic language information leaflet is also available.



Ògan Dhùn Èideann

Bidh Ògan Dhùn Èideann a' solar cùram-cloinne do phàistean eadar 3-12 bliadhna a dh'aois, an dà chuid foghlam nan Tràth-bhliadhnaichean is cùram mu Thimcheall Uairean na Sgoile. Tha luchd-obrach Ògan an geall air seirbheis shàr-chàileachd a thoirt do gach pàiste, òganach, is pàrant ann an àrainneachd shàbhailte thogarrach.

Tabhainnidh iad:

- Seiseanan làn-mhaoinichte nan Tràth-bhliadhnaichean agus cùram co-thaiceil a bhios fosgailte do phàiste sam bith ro aois na sgoile;
- Cluba na Bracaist agus Cluba Às Dèidh na Sgoile;
- Geamannan spòrsail is freagarrach a rèir aoise;
- Goireasan is acainn air leth;
- Deagh thaghadh de ghreimeannan-bidh fallain;
- Clubaichean nan Saor-làithean agus cùram-cloinne air Làithean In-sheirbheis.

Ògan Dhùn Èideann

Ògan Dhùn Èideann provides Gaelic-medium Early Years and Out of School Care for 3-12 year olds. Ògan's staff are committed to providing an excellent quality of service for every child, young person and parent in an environment that is safe and stimulating.

They offer:

- Fully funded Early Years sessions as well as wraparound childcare for all pre-school children;
- Breakfast Club and After-school Club;
- Fun, age-appropriate activities;
- First-class facilities and equipment;
- A wide range of healthy snacks;
- Holiday Clubs and In-Service Day childcare.

www.oganan.com; oifis@oganan.com; 07985 326110; f OganDhunEideann

Oilthigh Dhùn Èideann

Stèidhich Oilthigh Dhùn Èideann a' chiad Chathair Ceiltis ann an Alba ann an 1882. Ann an Ceiltis is Eòlas na h-Alba, bidh an t-Oilthigh a' teagasg phrògraman aig gach ìre, agus tha e an sàs gu mòr ann an rannsachadh Gàidhlig. Bidh Ionad an Ionnsachaidh Fhosgailte a' tabhann chlasaichean Gàidhlig don choimhearsnachd, agus bidh Oifigear na Gàidhlig a' cur air dòigh prògram de thachartasan Gàidhlig. Tha cruinneachaidhean cudromach aig an Oilthigh, a' gabhail a-steach Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba. Tha Plana Gàidhlig an Oilthigh 2019-2024 ri leughadh air an làrach-lìn.

www.ed.ac.uk/gaelic; www.ed.ac.uk/gaidhlig; bria.mason@ed.ac.uk; 0131 650 2876;

[f](#) GaidhligODE; [t](#) gaidhligode

Pàrlamaid na h-Alba

Nì Pàrlamaid na h-Alba laghan is deasbaidhean air cùisean a tha cudromach do dh'Alba, is cumaidh i Riaghaltas na h-Alba cunntachail. Tha seiseanan foghlaim is tursan Gàidhlig rim faighinn cho math ri bileagan Gàidhlig, agus faodar fios a chur thuca sa Ghàidhlig. Is urrainn dhut Pàrlamaid na h-Alba a leantainn sa Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta no bloga na Pàrlamaid a leantainn aig parlamaidalba.wordpress.com

www.parliament.scot; gaidhlig@parliament.scot; 0131 348 5395; [t](#) parlalba



Oilthigh Dhùn Èideann

The University of Edinburgh

The University of Edinburgh established the first Chair of Celtic in Scotland in 1882. In Celtic & Scottish Studies, the University teaches programmes at all levels and is active in Gaelic research. The Centre for Open Learning offers Gaelic classes to the community, and the Gaelic Officer organises a Gaelic events programme. The University holds important Gaelic collections, including the School of Scottish Studies Archives. The University's Gaelic Language Plan 2019-2024 is available on the website.



Seachdain na Gàidhlig

Seachdain na Gàidhlig

Tha Seachdain na Gàidhlig na fhèis a bhios a' gabhail àite air feadh Dhùn Èideann a tha air a ruith le comataidh de shaor-thoilich, le taic bho Oifigear Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann agus bho Oifigear Corporra Leasachaidh Ghàidhlig Chomhairle Dhùn Èideann. Tha an fhèis in-ghabhalta seo a' comharrachadh coimhearsnachd Gàidhlig Dhùn Èideann sna làithean a dh'fhalbh agus san là an-diugh.

www.edinburghgaelicfestival.com; seachdain.na.gaidhlig@gmail.com; 0131 650 2876;

[f](#) edgaelfest; [t](#) snagaidhlig

Edinburgh Gaelic Festival

The Edinburgh Gaelic Festival is a citywide festival run by a committee of volunteers, with support from the University of Edinburgh's Gaelic Officer and the City of Edinburgh Council's Corporate Gaelic Development Officer. This inclusive festival is a celebration of Edinburgh's Gaelic community past and present.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba


Tha mapa Gàidhlig aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, agus tha fiosrachadh 'planaich an turas agad' ri fhaighinn air-loidhne sa Ghàidhlig. Tha 'slighean' do theaghlach agus sgoiltean air-loidhne anns a' Ghàidhlig, agus tha goireasan do sgoiltean mu chruthan tàileisg Leòdhais rim faighinn sa Ghàidhlig air Twinkl. Tha Neach-taic Eòlas Luchd-tadhail aig a bheil Gàidhlig, agus gheibh gach ball ùr de sgioba Eòlas an Luchd-tadhail trèanadh mothachaidh Gàidhlig. Bidh a' bhuidheann a' freagairt gach beachd, gearan, agus moladh a gheibhear sa Ghàidhlig anns a' Ghàidhlig. Bidh Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' toirt seachad eadar-theangachaidhean Gàidhlig de na prìomh sgrìobhainnean ro-innleachdail aca air-loidhne, a' gabhail a-steach a' Phlana Ghàidhlig còig-bliadhna aca.

www.nms.ac.uk; info@nms.ac.uk; 0300 123 6789;

[f](#) NationalMuseumsScotland; [t](#) NtlMuseumsScot; [i](#) nationalmuseumscotland

National Museum of Scotland

The National Museum of Scotland offers a Gaelic map, and 'plan your visit' information is available in Gaelic online. Trails for families and schools are available on line in Gaelic, and Lewis chess pieces resources are available in Gaelic for schools on Twinkl. There is a Gaelic-speaking Visitor Experience Assistant, and all new Visitor Experience team members are trained in Gaelic awareness. The organisation responds in Gaelic to all comments, complaints, and compliments submitted in Gaelic. National Museums Scotland provide Gaelic translations of their key strategic organisational documents online, including the five-year Gaelic Language Plan.



Dealbhan

An Comunn Gàidhealach - Meur Dhùn Èideann
Bothan Dhùn Èideann
Bria Mason
Camanachd Dhùn Èideann
Chris Close
Coisir Dhùn Èideann
Comunn na Clàrsaich
Fèis Dhùn Èideann
Gailearaidh Phortraidh Nàiseanta
Graham Hood Photography
Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann
iStock.com
Kathy Henry, Peebles Camera Club
Neil Hanna Photography
Òganach Dhùn Èideann
Paul Dodds
Rèisimeid Aileen Bric
Sam Sills

Images

An Comunn Gàidhealach - Edinburgh Branch
Bothan Dhùn Èideann
Bria Mason
Camanachd Dhùn Èideann
Chris Close
Edinburgh Gaelic Choir
The Clarsach Society
Fèis Dhùn Èideann
National Portrait Gallery
Graham Hood Photography
Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann
iStock.com
Kathy Henry, Peebles Camera Club
Neil Hanna Photography
Òganach Dhùn Èideann
Paul Dodds
Alan Breck's Regiment
Sam Sills



Ceistean

Cuiribh fios gu Oifigear Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann aig bria.mason@ed.ac.uk

Tha a' bhileag seo cuideachd ri fhaotainn ann an cruthan eile. Cuiribh fios gu communications.office@ed.ac.uk

Is e buidheann carthannais a th' ann an Oilthigh Dhùn Èideann, clàraichte an Alba, àireamh clàraidh SC005336.

Enquiries

Please contact the University of Edinburgh's Gaelic Officer at bria.mason@ed.ac.uk

This leaflet is available in alternative formats on request. Please contact communications.office@ed.ac.uk

The University of Edinburgh is a charitable body, registered in Scotland, with registration number SC005336.



OILTHIGH
DHÙN ÈIDEANN

